

## Semeastar 1 2017-18

Tìotal na Deuchainne agus Còd a' Mhodail: **Dualchas Gàidhlig UQ509829**

Là agus Ceann-là: **Diardaoin 14 Dùbhlachd**

Uair agus Ùine: **13.25–16.30, 3 uairean a thìde**

**'S fhiach an deuchainn seo 50% de chomharran iomlan a' mhodail.**

'S e deuchainn leabhraichean-dùinte a tha seo. Chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith, **ach faclairean**, a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

**Stuthan a bharrachd a bheirear seachad/a bhios ceadaichte**

Neoni

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn. **Faodar notaichean a sgrìobhadh san ùine seo).**

**Chan fhaod** thu do fhreagairtean a sgrìobhadh air a' phàipeir cheist mura tèid iarraidh ort sin a dhèanamh gu sònraichte.

**A crìochnachadh do dheuchainn:**

Tha **dà earrainn** anns a' phàipear seo. Feumaidh tu **trì ceistean** a fhreagairt uile-gu-lèir.

Tha **ceithir** ceistean ann an **Earrainn A**. Feumaidh tu **co-dhiù aon cheist** a fhreagairt anns an earrainn seo.

Ma fhreagras tu dà cheist ann an Earrainn A, **chan fhaod thu** an aon neach-cruinneachaidh a thaghadh mar chuspair anns an dà fhreagairt.

Tha **ceithir** ceistean ann an **Earrainn B**. Feumaidh tu **co-dhiù aon cheist** a fhreagairt anns an earrainn seo.

Tha an aon chomharra ann airson gach ceist.

---

## Earrann A Luchd-cruinneachaidh

### Ceist 1

Dèan measadh air cùrsa-beatha, obair, agus dìleab **aoon** den luchd-cruinneachaidh dualchais air an do rinn thu sgrùdadh anns a' mhodal seo.

### Ceist 2

Tagh **dithis** luchd-cruinneachaidh dualchais air an do dh'obraich thu anns a' mhodal. Dèan coimeas eadar na deifir amasan a bh' aca ann a bhith a' cruinneachadh dualchas nan Gàidheal agus ga dheasachadh. Nad bheachd-sa, cò an neach a bu shoirbheachaile ann a bhith a' coilionadh nan amasan aca? Thoir seachad adhbharan airson do bheachd.

### Ceist 3

Tagh **aoon** neach-cruinneachaidh dualchas nan Gàidheal air an robh thu a' coimhead anns a' mhodal. Dè na trioblaidean a bu mhotha a bh' aca ann a bhith a' cruinneachadh, agus ciamar a fhuair iad seachad orra?

### Ceist 4

Tagh **aoon** neach-cruinneachaidh dualchas a bha thu a' sgrùdadh am bliadhna. Dèan measadh air an àite a bh' aig luchd-maoineachadh ann a bhith a' toirt taic dhan neach-cruinneachaidh seo, a' toirt stiùireadh dhi no dha, agus a' pàigheadh airson an obair-rannsachaidh a thoirt am follais.

## Earrann B: Teòiric

### Ceist 5

Dèan measadh, le eisimpleirean bhon mhodal, air a' bhuaidh a bh' aig poilitigs air obair-cruinneachaidh dualchas na Gàidhealtachd.

### Ceist 6

Dèan tomhais, le eisimpleirean, air cho cudromach 's a bha earbsachd no *credibility* ann an cùrsa-beatha agus ann an obair luchd-cruinneachaidh dualchais, an dà chuid a-thaobh cruinneachadh fhèin agus a-thaobh a bhith ga dheasachadh agus ga thoirt am follais.

### Ceist 7

Ann an eachdraidh cruinneachaidhean dualchas nan Gàidheal, dè na gnèithean agus na seòrsachan dheth a dheidheadh fhàgail a-mach mar bu trice, nad bheachd-sa, agus carson? Thoir seachad adhbharan agus eisimpleirean airson do fhreagairt.

### Ceist 8

Airson còrr agus ceud bliadhna, tha innealan teicneòlach air a bhith a' sìor fhàs cudromach ann an cruinneachadh dualchas nan Gàidheal. Thoir cunntas air na h-atharrachaidhean a bu chudromaiche, nad bheachd-sa, ann an teicneòlas-cruinneachaidh, agus dèan measadh, le eisimpleirean, air an fhiosrachadh ùr a gheibheadh luchd-cruinneachaidh agus luchd-rannsachaidh le taic teicneòlais.

Deireadh a' Phàipeir